

# Study Pack 1

## Higher Gaelic

### Teicneòlas agus Na Meadhanan



ceumannan

## Am pasgan-obrach

Ann am pasgan-obrach an sgoileir, gheibhear pìosan obrach anns na ceithir sgilean: Èisteachd, Leughadh, Sgrìobhadh agus Labhairt.

Tha na pìosan obrach stèidhichte air na ceithir co-theacsan: Cultar, Sòisealtais, Ionnsachadh agus Comas-obrach.

Chaidh gach pìos obrach a chruthachadh airson a bhith coltach ris na chì sgoilearan ann am measaidhean agus deuchainnean na h-Àrd-ìre. Mar sin, thathas an dòchas gum bi am pasgan feumail do sgoilearan agus do thidsearan nuair a bhios iad ag ullachadh airson nam measadhaidhean agus deuchainnean nas fhaide air adhart anns a' chùrsa.

## Èisteachd

Gheibhear faidhlichean fuaim airson eacarsaichean èisteachd air làrach Ceumannan agus air Soundcloud. Gheibhear thuca cuideachd le bhith a' bruthadh cheanglaichean anns a' phasgan-obrach (PDF).

Gheibhear na h-earrannan sgrìobhte gu h-ìseal air na duilleagan a leanas.



## The Study Pack

The study pack contains tasks in the 4 skill areas: Listening, Reading, Writing (both Directed Writing and Assignment Writing) and Talking.

The four contexts of Culture, Society, Learning and Employability are covered throughout.

The tasks in the pack are designed to reflect the level and style of Higher assessment and examination. Therefore, pupils and teachers may find the pack useful for exam and assessment revision towards the end of the year.

## Listening

Recordings of the Listening passages can be found on the Ceumannan website and on Soundcloud or by clicking on the live links in the studypack PDF. Listening transcripts are printed in this document.

## Reading Answers

Question		Expected response	Max mark
1		<b>ANY ONE:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>increase in rates of depression &amp; anxiety</li> <li>increase in suicide rates</li> </ul>	1
2		<ul style="list-style-type: none"> <li>lack of outdoor play</li> <li>too much time on smartphones</li> </ul>	2
3	(a)	<ul style="list-style-type: none"> <li>too many parents believe it's too dangerous for children to play outside alone</li> </ul>	2
	(b)	<ul style="list-style-type: none"> <li>because children learn essential life skills through play</li> </ul>	1
4		<ul style="list-style-type: none"> <li>it is one of the most important life skills</li> <li>can't be learnt on a phone</li> <li>needs to be learnt through play</li> </ul>	3
5		<ul style="list-style-type: none"> <li>going out without an adult</li> </ul>	1
6	(a)	<b>ANY TWO:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>murder</li> <li>violence</li> <li>self harm</li> </ul>	1
	(b)	<ul style="list-style-type: none"> <li>increased likelihood of poor mental health</li> </ul>	1
7	(a)	<ul style="list-style-type: none"> <li>Would you give whisky or cocaine to a young child?</li> </ul>	1
	(b)	<b>Something along the lines of:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>I think the writer is trying to show how dangerous and harmful s/he believes smart phones are and how you'd have to be crazy to give one to a child.</li> </ul> <p>Or</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>any other suitable answer that makes sense</li> </ul>	1
8		<b>ANY ONE:</b> <ul style="list-style-type: none"> <li>more independent play from age 7</li> <li>tough new laws around smartphones</li> <li>(eg. ban under 14yrs)</li> </ul>	2
9		<ul style="list-style-type: none"> <li>If we don't act, we'll badly damage the next generation</li> </ul>	2
10		<ul style="list-style-type: none"> <li>Pupil's own opinion. Anything acceptable with evidence backed up from article</li> </ul>	2
11		<p>The big technology companies, like Meta, don't agree that phones have an adverse effect on young people's mental health. According to Mark Zuckerberg, the research isn't clear. "I feel so angry" Professor Haidt says, "There's absolute proof that there is a link between smart phones and poor mental health. Companies know fine well that phones do harm but they don't care. It's money that is most important to them."</p>	10
			<b>Total marks 30</b>

## Listening 1 Answers

Question		Expected response	Max mark
a		<ul style="list-style-type: none"> <li>• 57 thousand</li> </ul>	1
b		<ul style="list-style-type: none"> <li>• 30 years</li> </ul>	1
c		<p><b>EITHER ONE:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• welcoming tourists (to the abbey)</li> <li>• telling tourists stories (about the abbey)</li> </ul>	1
d	i.	<ul style="list-style-type: none"> <li>• singing/ tall, long /brown cloak/walking around</li> </ul>	2
	ii.	<ul style="list-style-type: none"> <li>• thinks the ghost is friendly</li> </ul>	1
e		<p><b>EITHER ONE:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• looking forward to it</li> <li>• scared</li> </ul>	1
f		<ul style="list-style-type: none"> <li>• listen tomorrow</li> </ul>	1
			<b>Total marks 8</b>



## Listening 2 Answers

Question		Expected response	Max mark
a		<ul style="list-style-type: none"> <li>enjoyed reading newspapers and watching news</li> </ul>	1
b		<p><b>ANY TWO:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>deal with crime</li> <li>do investigations/research</li> <li>question people</li> <li>search for truth</li> </ul>	2
c		<ul style="list-style-type: none"> <li>around 1 millionstreams /worldwide /per week</li> </ul>	2
d		<p><b>ANY ONE:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>meets lots of interesting people</li> <li>likes investigating/researching</li> <li>likes telling stories</li> </ul>	1
e		<ul style="list-style-type: none"> <li>put people at ease/make them feel comfortable</li> <li>show people they can trust you</li> </ul>	2
f		<ul style="list-style-type: none"> <li>dealer saw her and chased her with his big dangerous dog</li> </ul>	2
g		<p><b>ANY TWO:</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>get work experience in media before leaving school</li> <li>read and listen to news every day</li> <li>be careful where you source news</li> <li>don't trust social media for news</li> </ul>	2
			<b>Total marks</b> <b>12</b>



## Transcript

### Listening 1 (Employability & Culture)

(m) male voice (f) female voice

- (m) You listen to part of a podcast called 'Secret Scotland' presented by investigative journalist Angela Smith. She is investigating a spooky case in Iona Abbey.

\*\*\*

- (f) Hallo agus fàilte gu Alba Dhìomhair—Is mise Angela Nic a' Ghobhainn agus an-diugh tha mi ann an Abaid Eilean ì. Tron latha, tha Eilean ì uabhasach trang. Gach bliadhna bidh caogad 's a seachd mìle neach-turais a' tighinn a-nall air a' bhàt'-aiseig airson tadhal air an Abaid— eaglais mhòr bhrèagha a tha còrr agus mìle bliadhna a dh'aois. Bidh a' mhòr-chuid de luchd-turais dìreach a' tadhal air an eilean tron latha. Mar sin tha Eilean ì fada nas sàmhache air an oidhche.

Tha eachdraidh bheartach, inntinneach aig Eilean ì. Anns a' bhliadhna 563 thàinig an Naomh Colm Cille an seo à Èirinn agus stèidhich e fhèin agus manaich eile an Abaid. Na bu tràithe an-diugh, fhuair mi cothrom bruidhinn ri Seòras Mac a' Phearsain. Tha Seòras air a bhith a' fuireach agus ag obair anns an Abaid fad trithead bliadhna. Tha e a' còrdadh ris a bhith a' cur fàilte air luchd-turais agus ag innse sgeulachdan dhaibh mun Abaid.

Chuala mise sgeulachd inntinneach dha-rìribh bho Sheòras mu dheidhinn taibhse a tha ri fhaicinn timcheall na h-Abaid. Thuirt Seòras gu bheil e uaireannan a' cluinntinn seinn agus a' faicinn neach àrd ann an cleòca fada, donn a' coiseachd timcheall air an oidhche. Tha Seòras a' creidsinn gur e manach a th' ann a bha uaireigin a' fuireach anns an Abaid o chionn fhada. Chan eil an t-eagal air Seòras fuireach anns an Abaid ge-tà. Tha e a' smaoineachadh gu bheil an taibhse càirdeil gu leòr.

A-nochd, tha mise 'n dùil cadal an seo anns an Abaid. Tha mi a' coimhead air adhart ris ach tha an t-eagal orm cuideachd. Saoil an cluinn mi seinn? Am faic mi an taibhse? Ma tha sibh ag iarraidh tuilleadh fhaighinn a-mach, feumaidh sibh èisteachd ris a' phrògram a-màireach. Oidhche mhath!

## Transcript

### Listening 2 (Employability)

(m) male voice (f) female voice

- (m) *Angela Smith is being interviewed on a radio chat show about her career as an investigative journalist with her own podcast.*

\*\*\*

- (m) **Angela, an robh e follaiseach gun robh ùidh agad ann an naidheachdas nuair a bha thu òg?**  
(f) Bha! Nuair a bha mi beag, chòrdadh e rium pàipearan-naidheachd a bh' aig mo phàrantan a leughadh agus bhithinn a' coimhead nan naidheachdan air an Tbh cuideachd.
- (m) **Dè th' ann an neachd-naidheachd sgrùdail?**  
(f) Ann an dùigh, tha neach-naidheachd sgrùdail coltach ri poileas oir: bidh sinn tric a' dèiligeadh ri eucoir, bidh sinn a' dèanamh rannsachadh, bidh sinn a' cur cheistean air daoine agus a' coimhead airson na firinn. Cuideachd, faodaidh an obair a bhith cunnartach uaireannan.
- (m) **Tha am pod-craolaidh agad 'Alba Dhìomhair' gu math soirbheachail, nach eil?**  
(f) Tha. Bidh timcheall air millean neach air feadh an t-saoghail a' sruthadh a' phod-craolaidh agam a h-uile seachdain. Bidh daoine ag èisteachd cho fada air falbh ri Sealan Nuadh, Na Stàitean Aonaichte agus An Ear Mheadhanach.
- (m) **Dè tha a' còrdadh riut mun obair?**  
(f) Bidh mi a' faighinn cothrom coinneachadh ri tàrr dhaoine inntinneach agus is toigh leam a bhith a' dèanamh rannsachadh agus ag innse sgeulachdan.
- (m) **Dè na sgilean a dh'fheumas a bhith agad anns an obair seo?**  
(f) Anns an obair seo, feumaidh tu a bhith math le daoine. Uaireannan cha bhi daoine ag iarraidh bruidhinn oir bidh iad a' faireachdannn mì-chofhurtail no bidh an t-eagal orra. Feumaidh neach-naidheachd math a bhith comasach air daoine a dhèanamh cofhurtail an sgeulachd aca innse. Feumaidh tu sealltann dhaibh gun urrainn dhaibh earbsa a chur annad.
- (m) **Thuirt thu gu bheil an obair uaireannan cunnartach. An toir thu dhomh eisimpleir?**  
(f) Bheir, gu dearbh. An-uiridh bha mi ag obair air sgeulachd mu dhrogachean. Bha mi a' coimhead fear a' reic dhrogachean air an t-sràid. Chunnaic e mise le camara nam làimh. Bha cù mòr cunnartach aige agus thàinig e fhìn agus an cù às mo dhèidh! B' fheudar dhomh ruith!
- (m) **Ò mo chreach! Ciamar a bha thu a' faireachdann?**  
(f) Bha eagal mo bheatha orm ach bha mi toilichte gun d' fhuair mi bhidio den eucoir.
- (m) **A bheil comhairle agad airson daoine òga a tha ag iarraidh obair ann an naidheachdas?**  
(f) Tha. Ma gheibh thu cothrom, mholainn-sa eòlas-obrach fhaighinn anns na meadhanan mus fàg thu an sgoil. Cuideachd, leugh agus èist ris na naidheachdan a h-uile latha.  
Agus rud eile, bi faiceallach càit am faigh thu naidheachdan. Mar eisimpleir, chan urrainn dhut an-còmhnaidh earbsa a chur ann am fiosrachadh a leughas tu air na meadhanan sòisealta!
- (m) **Uill, Angela, mile taing airson bruidhinn rium an-diugh. Bha e cho inntinneach.**  
(f) 'S e do bheatha.

# ceumannan



[www.storlann.co.uk/ceumannan](http://www.storlann.co.uk/ceumannan)